



Tìotal: Aonta

Pàirt 2: 'S ann leamsa a tha mo bhodhaig

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CFE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 2-45b</p> <p>Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhìol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi. HWB 2-49a</p>	<ul style="list-style-type: none">Comasach air cunntas a thoirt air bun-bheachd aonta.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann bun-bheachd aonta.
- Gun tuig clann bun-bheachd fèin-riaghladh bodhaig.
- Gun tuig clann dè th' ann an àite pearsanta agus crìochan pearsanta.
- Gun tuig clann gu bheil gach seòrsa droch-dhìol ceàrr.
- Gun ionnsaich clann dòighean air cuideachadh a shireadh.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na tha aonta a' ciallachadh dhòmhsa.
- Tha fios agam gun urrainn dhòmhsa agus do dh'fheadhainn eile faclan, gluasad-bodhaig agus coltas aodainn a chleachdadh airson na tha a' còrdadh leam no nach eil a chur an cèill.
- 'S urrainn dhomh àite pearsanta a mhìneachadh.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh gur ann leamsa a tha mo bhodhaig.
- 'S urrainn dhomh inbheach/inbhich ainmeachadh thuige an tèid mi ma tha iomagain orm.

Goireasan-taic

1. Slaighdean PowerPoint
2. **Consent for kids** <https://www.youtube.com/watch?v=h3nhM9UIJjc> (faid 2 mhion. 42)
3. **Boss of My Body** <https://youtu.be/zAALZxa6NCw> (2 mhion. 33)

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh an bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

NÒT: Tha an dara gnìomh a' leudachadh air aonta. Tha geamannan agus suidheachaidhean air an cleachdadh airson tuilleadh meòrachaidh a dhèanamh air aonta agus fèin-riaghladh bodhaig.

Obair

1. Theirig thairis air/cuir an cuimhne na cloinne na rinn sinn san t-seisean mu dheireadh. A bheil cuimhne aig a' chloinn air an òran Boss of My Body? Inns dhaibh gun robh sinn a' coimhead a' bhidio airson a chur nan cuimhne gur ann leinne a tha ar bodhaigean. Tha seo cudromach bhon a tha sinn ag ionnsachadh mu aonta – agus na tha aonta a' ciallachadh (seall an slaighd airson taic).

Tha Aonta a' ciallachadh cead iarraidh air cuideigin airson rudeigin a dhèanamh.

Ma tha neach a' gabhail ri rud, tha iad ag aontachadh. Mura h-eil neach a' gabhail ri rud, chan eil iad ag aontachadh. Mura h-eil neach cinnteach, no mura h-eil iad a' gabhail ri rud chan eil iad ag aontachadh.

2. Inns dhan chloinn gum bi iad a' smaoinichadh an-diugh mu na bodhaigean aca agus mu aonta. Tha seo cudromach oir 's ann leothasan a tha na bodhaigean aca. Seo cartùn a mhìnichas seo. Coimheadaibh **Consent for kids** <https://www.youtube.com/watch?v=h3nhM9UIJc> (faid 2 mhion. 42) Dèan cinnteach gu bheil a' chlann a' tuigsinn, freagair ceistean agus soilleirich puingean sam bith. Tha am film a' cleachdadh an teirm 'body autonomy' (fèin-riaghladh bodhaig). Às dèidh dhuibh am film a choimhead, cleachd an slaighd agus bruidhinn air na tha seo a' ciallachadh.

Fèin-riaghladh bodhaig: tha seo a' ciallachadh gur ann leatsa a tha do bhodhaig. 'S tusa ceannard do bhodhaig fhèin.

3. **Gèam crathadh-làimhe/bualadh bhoisean/fàisg.** Inns gu bheil an gèam mu phractasadh aonta. Tha e a' leantainn air a' chartùn a tha a' chlann an dèidh fhaicinn. Inns ainm a' ghèam agus minich e mar seo (seall eisimpleirean le bhith ag actadh còmhla ri pàiste no dithis a tha deònach mar a tha thu a' dol air adhart, a-rithist tha e feumail a bhith ag àibheiseachadh nan gluasadan).
 - Tha gach pàiste ann an sgioba 1 no sgioba 2 ('s dòcha gum biodh stiogairean le 1 agus 2 feumail). Tha aig gach neach ri coiseachd timcheall an rùm agus nuair a sheirmeas a' ghlag tha againn ri stad ri taobh neach bhon sgioba eile agus halo a ràdh riutha.
 - Tha aig an neach ann an sgioba 1 ri faighneachd dhan neach eile ciamar a tha iad airson halò a ràdh. Faodaidh iad faighneachd "A bheil thu airson breith air làimh orm, boisean a bhualadh no a bheil thu ag iarraidh fàsgadh?"
 - Tha an neach ann an sgioba 2 a' taghadh. Faodaidh iad cuideachd a ràdh "Chan eil gin aca sin tapadh leat. Canaidh mi dìreach halò".
 - Aon riaghailt eile... Faodaidh an neach ann an sgioba 1 cur romhpa ciamar a tha iadsan airson halò a ràdh. Mar sin 's dòcha gun can iad "A bheil thu airson boisean a bhualadh no breith air làimh orm?"

Feagair ceistean sam bith airson a bhith soilleir, agus theirig tron stiùireadh a-rithist. Cuir a' chlann ann an sgiobaidhean agus tòisichibh.

4. An ceann greis faighnich: Ciamar a tha a' dol dhuibh? A bheil e comasach dhuibh cead a thoirt seachad no gun a thoirt seachad? *A bheil e furasta no doirbh aontachadh ris an rud a tha an neach ag iarraidh no an diùltadh?* Atharraich na sgiobaidhean airson 's gu bheil sgioba 2 a' tairgsinn breith air làimh/bualadh bhoisean no fàsgadh. Cuimhnich dhaibh gu bheil taghadh aig an *dithis* aca.
5. **Ag èisteachd ri guth ar bodhaig.** (Mar thidsear, ma tha thu airson ainm eile a gabhail air an seo atharraich an slaighd PowerPoint) Tillibh còmhla ann an cearcall timcheall air a' bhòrd gheal. Theirig

thairis air a' ghèam agus air mar a bha e a' faireachdainn taghadh a dhèanamh eadar breith air làimh, bualadh bhoisean no fàsgadh. Faighnich: **An robh duine agaibh caran nearbhasach no fo iomagain mu na ceistean no na freagairtean?** An urrainn dhaibh smaoinichadh air adhbharan sam bith airson seo? ('S dòcha gun can a' chlann nach robh iad airson a bhith mì-mhodhail, no nach robh iad airson neach eile a ghoirteachadh... gabh ris na freagairtean gu lèir).

6. Mìnich dhan chloinn gum bi rudan ann uaireanan a bhios gar fàgail a' faireachdainn neònach, a' cur an eagail oirnn no sgreamhail 's gun fhios againn carson – coltach ris an fhaireachdainn a bhios againn nuair a tha fios againn nach eil rudeigin ceart, no gu bheil sinn troimh-a-chèile, ach 's dòcha nach urrainn dhuinn a chur an cèill ann am faclan. Canaidh sinn guth do bhodhaig ris an seo (faodaidh tu drèin a chur air d' aodann agus do stamag a shuathadh nuair a tha thu a' toirt seachad a' mhìneachaidh). Tha an fhaireachdainn seo ag innse dhuinn nach eil rudeigin ceart. Can gu bheil e uabhasach cudromach mothachadh dha na faireachdainnean seo. Can ris a' chloinn gu bheil eisimpleirean agad de na faireachdainnean seo. Cluinnidh sinn mun chloinn agus mu na suidheachaidhean aca. (air slaighdean)
 - A. Bha Ava a' cluich a-muigh. Thuir balach as aithne dhi rithe, "Trobadh, tha rud air a' fòn agam a tha mi airson a shealltainn dhut". Bha na balaich eile a' coimhead air a' fòn agus a' gàireachdainn. Fhreagair Ava nach robh i airson fhaicinn agus chùim i oirre a' cluich còmhla ri caraid. **An do rinn Ava an rud ceart? Dè eile a dh'fhaodadh Ava a dhèanamh?**
 - B. Bha Joe a' cluich aig taigh a charaid, agus bha partaidh san taigh le tòrr inbhich. Thuir inbheach ri Joe "Thugainn 's suidh còmhla rium", ach cha robh Joe airson sin a dhèanamh. Na bhodhaig bha e a' faireachdainn nearbhasach mun duine. Mar sin thuir e "Cha tig, tha mi a' dol a-mach a chluich" agus dh'fhalbh e. **An do rinn Joe an rud ceart? Dè eile a dh'fhaodadh Joe a dhèanamh?**
 - C. Bha Emma anns a' bhùth leatha fhèin. Bha nigheanan nas sine ann cuideachd. Bha iad gu math càirdeil rithe 's thuir iad: "Thugainn còmhla rinn, tha partaidh san taigh againn 's tha toitean agus vodka againn. Bidh spòrs againn". Cha robh Emma cinnteach dè dhèanadh i. Bha i airson a dhol ann. An toiseach dh'aontaich i. Ach an uair sin thuir i: Cha tig, tha mi dìreach air cuimhneachadh gun tuirt mo sheanmhair tighinn dhachaigh san spot agus gun a bhith fada. **An do rinn Emma an rud ceart? Dè eile a dh'fhaodadh Emma a dhèanamh?**
7. Gun a bhith ag iarraidh freagairtean sònraichte, mar chlas gu lèir faighnich: **Am bi sibhse uair sam bith a' faireachdainn nur bodhaig nach eil rud ceart?** Nuair a chanas cuid den chloinn gun robh na faireachdainnean seo aca roimhe, mìnich dhaibh gum bu chòir dhuinn daonnan earbsa a chur ann an guth ar bodhaig agus a dhol gu àite sàbhailte no a bhruidhinn ri inbheach earbsach. Iarr air a' chloinn smaoinichadh airson mionaid air: **Cò thuige a rachadh tu ma bha ceist agad no iomagain ort?** 'S dòcha gum bi cuid aca airson innse cò thuig' a rachadh iad. Cuir nan cuimhne gum faod iad daonnan tighinn thugadsa. (Ma rinn sibh obair mar-thà air cò na h-inbhich earbsach, theirig thairis air a-rithist).
8. Èist ri freagairtean na cloinne. Crìochnaich leis an t-slaighd air aonta. An uair sinn seall **Consent for Kids** no **Boss of My Body** – no an dà chuid.

Beachdan eile

1. **Boss of My Body** pàirt de phrògram telebhisean a th' air Amazon Prime UK air a bheil **Ruby's Studio: The Safety Show**
2. Tha an leabhar chloinne **Miles is the Boss of His Body**, mu character aois 6 bliadhna: <https://www.rubysstudio.com/products/miles-is-the-boss-of-his-body>

Ceangal ris an dachaigh

Tha teacsa an cois ***Dè th' ann an aonta?***

Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:

- Aonta: Dè th' ann an aonta?

Nòtaichean Tidseir

